

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Aiseag an Rìgh

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 996. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 692 corresponds to Litir 996.

An robh sibh riamh air ‘aiseag an Rìgh’? A bheil fios agaibh **ca’ bheil e?** Tha e a’ frithealadh slighe-mhara ann an taobh sear Rois, eadar Cromba agus Bàgh an Eig. Tha e am measg nan seirbheisean aiseig mu dheireadh air taobh an ear na h-Alba.

’S e as coireach gur e ‘aiseag an Rìgh’ a chanar ris gun robh e air slighe eilthreachd no taistealachd o shean. Bhiodh rìghrean na h-Alba a’ tighinn an rathad sin airson faighinn gu Baile Dhubhthaich. Bhiodh iad a’ seòladh thar Linne Mhoireibh, a’ cumail a dol air tìr thar an Eilein Duibh eadar Ros Mhaircnidh agus Cromba, agus an uair sin a’ seòladh dàrna turas thar Linne Chrombaigh gu Bàgh an Eig. Bhiodh an earrann mu dheireadh air tìr eadar Bàgh an Eig agus Baile Dhubhthaich.

Bha meas mòr aig mòran air Naomh Dubhthach, agus bha Rìgh Seumas IV am measg nan taistealach a chaidh gu baile an naoimh. Eadar na bliadhnaichean ceithir cheud deug, naochad ’s a trì (1493) agus còig ceud deug is trì-deug (1513), chaidh Seumas air eilthreachd gu Baile Dhubhthaich ochd tursan deug.

Tha fhios gur e bàta-seòlaidh a bh’ aca air an t-slighe an uair sin. An-diugh tha bàta ann a dh’obraicheas air einnsean diosail, mar a bhiodh dùil. Ach chan eil fhios agam a bheil an soitheach mòran nas motha na ’n fheadhainn a bh’ ann **ri linn** Sheumais IV.

Airson a’ chiad turais riamh agam, chaidh mi a-null air an aiseag bho Chromba gu ruige Bàgh an Eig o chionn ghoirid, air latha brèagha samhraidh. Bha dà charbad anns a’ chiudha – am fear agam fhìn agus fear air mhàl aig dithis luchd-turais às a’ Ghearmailt. Bha e math nach robh duine eile a’ feitheamh oir gabhaidh an soitheach dìreach dà charbad. Agus, leis an fhirinn innse, nam biodh càr mòr aig a’ chiad duine, chanainn nach gabhadh e ach aonan. Co-dhiù, air èiginn, fhuair na boireannaich Ghearmailteach an carbad air bòrd.

’S e ainm an t-soithich an Renfrew Rose agus chanainn nach eil mòran bhàtaichean-aiseig – a ghabhas carbadan – nas lugha na i ann am Breatainn. Bha i uaireigin ag obair air Abhainn Chluaidh mar shoitheach aiseig a rachadh tarsainn na h-aibhne. Cha bhithinn ag iarraidh a bhith oirre ann am muir mhòr.

Tha i air a bhith a’ ruith eadar Cromba is Bàgh an Eig bho dhà mhìle is sia-deug (2016) a-mach. Ghabh i àite na tè a bh’ ann roimhe – Cromarty Queen agus, roimhe sin, Cromarty Rose. Bidh an t-seirbheis a’ dol bhon Ògmhios don t-Sultain. Mar sin, ma tha sibh am beachd a dhol oirre am-bliadhna, chan eil ach beagan ùine air fhàgail agaibh.

Air taobh thall na slighe, pìos beag suas an rathad, tha neamhnaid. Tha mi air mo nàrachadh aideachadh nach robh mi air a bhith aig an t-seann eaglais ann am Bàgh an Eig roimhe. Tha rudeigin sònraichte mu a deidhinn. 'S iongantach mura robh Rìgh Seumas IV air an làraich seo, agus e air a shlighe gu ruige Baile Dhubhthaich. Ach cha do thogadh an eaglais mar a tha i an-diugh gu tràth anns an t-seachdamh linn deug. Ge-tà, thathar a' smaoinichadh gu bheil adhradh Crìosdail air a bhith ann air an làraich seo airson mìle is dà cheud bliadhna. Carson a tha mi ag ràdh sin? Innsidh mi dhuibh an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: rìghrean: *kings*; Baile Dhubhthaich: *Tain*; Linne Mhoireibh: *Moray Firth*; Linne Chrombaigh: *Cromarty Firth*; Naomh Dubhthach: *St Duthac*; bàta-seòlaidh: *sailing boat*; Abhainn Chluaidh: *The River Clyde*; neamhnaid: *a pearl [ie a gem]*.

Abairtean na Litreach: aiseag an Rìgh: *the King's ferry*; a' frithealadh slighe-mhara ann an taobh sear Rois: *servicing a maritime route in Easter Ross*; eadar Cromba agus Bàgh an Eig: *between Cromarty and Nigg*; am measg nan seirbheisean aiseig mu dheireadh air taobh an ear na h-Alba: *among the last ferry services in the east of Scotland*; 's e as coireach gur e X a chanar ris: *the reason it is called X*; gun robh e air slighe eilthireachd no taisteachd o shean: *that it was on a pilgrimage route in olden times*; a dh'obraicheas air einnsean diosail, mar a bhiodh dùil: *that works on a diesel engine, as would be expected*; air latha brèagha samhraidh: *on a beautiful summer's day*; bha dà charbad anns a' chiudha: *there were two vehicles in the queue*; fear air mhàl aig dithis luchd-turais: *one rented by two tourists*; gabhaidh an soitheach dìreach dà charbad: *the vessel takes only two vehicles*; leis an fhìrinn innse: *to tell the truth*; chanainn nach gabhadh e ach aonan: *I'd say it would only take one*; co-dhiù, air èiginn, fhuair X an carbad air bòrd: *anyway, only just, X got the/their vehicle on board*; tarsainn na h-aibhne: *across the river*; cha bhithinn ag iarraidh a bhith oirre ann am muir mhòr: *I wouldn't like to be on it in a big sea*; ghabh i àite na tè a bh' ann roimhe: *she took the place of the one that was there before*; chan eil ach beagan ùine air fhàgail agaibh: *you only have a short time left*; tha mi air mo nàrachadh aideachadh: *I'm ashamed to admit*; thathar a' smaoinichadh gu bheil adhradh Crìosdail air a bhith ann air an làraich seo: *it's thought that Christian worship has taken place on this site*.

Puing-chànain na Litreach: ri linn Sheumais IV: *in the time of James IV*. Ri linn is a prepositional phrase that commands the genitive case. Thus, we would say ri linn Chalum Chille 'in the time of Columba', using the genitive form of Calum Cille, and ri linn nam fuadaichean 'at the time of the clearances'. Note that ri linn can also mean 'as a result of' or 'because'.

Gnathas-cainnt na Litreach: A bheil fios agaibh ca' bheil e?: *do you know where it is?* [short for càite a bheil e and very common in speech].

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinichadh le MG ALBA